

SEOLAIDHEAN ARSON

A' CHOLER A

A SHECHNADH AGUS A LEIGHEAS.

Is ro dbuilich leinn a ràdh gu'm bheil a' phlàigh eagalach so air i féin a nochdadadh gu soleir 'an ioma cearna de'n rioghachd so, agus a' gearradh as nan ceudan. Gu cinnteach buinidh do shluagh smuaineachadh gu cùramach, agus gu sòileimte 'n uair a tha iad cheana a' fulaing o ghort', agus a nis o phlàigh—"a phlàigh 'tha gràineil goirt," le ceumannan luatha, millteach a' tighin 'n an car-amhl. Buinidh dhuinn uile 'bhi 'g ar n-irisleachadh féin fo làimh chumbachdaich an Dé mhòir a tha mar so gar smachdachadh, agus a bhi 'g éigheach arson tròcair'. Ach na mealladh duin'e féin le shaoilsinn gu 'm foghain dha ùrnuigh, no éigheach, ma tha 'gbnàthacbadh a' marsuinn mì-dhiadhaidh mar a b' àbbaist. Tha mòran de chràbhadh-saoibh—*de chràbhadh-air-eigin* 'am measg dhaoine aig a leithid so de àm. Ach cuimhnicheamaid gur ro shuarraach aidmheil, no aslachadh, no geallaidean 'an la an eagail, 's na ball-chritih, mar 'eil sinn da rìreadh a' treigsinn ar peacaidh-ean. Féumaidh sinn pilltinn ri Dia trid Iosa Criosd ann an trèibh-dhireas, agus le'r n-uile chridhe gluasad ar slighe a' chreidimh, a' ghraidh, 'na nuaidh-umhlachd mu'n urrainn sinn sealltuinn arson téaruinteachd an dream sin "aig am bheil buan-chòmhnuidh gach ré fo sgàil an Tì 'tha uile-chumhachdach." Salm xci. 'S iad ar peacuidhean a tha brosnachadh an Tighearna 'n ar n-agbaidb. Is iad a thug gainne lòin air ar tìr, 's a tha nis a' tarruinng na plàigh oirnn; agus gus an dealaich sinn riusan cha bhi téaruinteachd shaoghalta, na idir idir téaruinteachd spioradail aguinn.

Biodh gach duine air tùs matà a' rannsachadh a mach *pláigh* a chridhe féin. Tha e dleasnach aig an àm chéudna gu'n cleachdta gach meadhon iomchuidh arson na pearsa ghleidheil o ghalar a tha co millteach, bàsmhor; agus tha sinn ro thoilichte gu'm bheil aguinn seòlaidean a thugadh seachad le lighichean co ainmeal 's a tha 's an rioghachd gu léir. Tha ann an Luannainn Comunn air an cur air leth le luchd-sdiùraidh na rìoghachd a chum nan nithean a's feumaile arson slainte 'n t-sluaigh a chomharrachadh a mach. *General Board of Health* a theirear riuth. Tha iad so an déigh riaghailtean agus seòlaidean a thoirt seachad a thaobh a *Cholera*; agus feuchaidh sinn ri suim agus brigh nan nithean a tha iad ag ràdh a

caur fa ehomhair ar luchd-léughaidh co fada 's a ghabhas sin deanamh ann an Gaelic.

Tha iad so an toiseach a' cur an céill nach 'eil an *Cholera GABHALTACH* (*contagious*) ann an seadh coitchionn an fhocail sin. Cha'n 'eil iad a' ciallachadh nach feud duin' air bith a ghabhail bhàrr dhuin' eile. Agus aig an àm cheudna tha e làn dearbhta gu'm feud duine a tha slàn, fallainn frithealadh do dhuin' air ami bheil an *Cholera*, ma tha 'n àile car glan m'a thimchioll, gun a bheag air bith de chunnart dha féin. An uair mata nach gliocas do dhuin' air bith dol 'an luib a' ghalair so gun aobhar, cha ruig daoine leas a' gheilt, 's an oillt sin a bhi orra roimhe a tha aig mòran, gu sònruichte cha ruig iad leas smaoineachadh air teicheadh gu gealtach, 's gu mi-nàdurra o'n cairdean 's o'n teaghlaich mar a bha ionad aon gu tàmailteach a' deanamh 'n uair a bha'n galar so 'n ar measg roimhe.

'S e 'n ath nì mu 'm bheil iad a' labhairt, "Ciod a tha 'togail a' ghalair so?" Tha daoine 'm beachd gur ni-eigin 's an àile, no 's an athair is coireach ris; ach ciod e an nì so cha'n urrainn doibh innseadh nas mò nas urrainn iad ciod a tha 'togail galair a' Bhuntàta. Ach tha aon nì cinnteach, gach àite 'n do nochd an galar so e féin riamh gu'n d' rinn e greim sònruichte air a' mhisgeir.

A rithis, tha seòrsa air bith bidhe no dibhe a tha cur na càile roimh a chéile—a tha mi-fhallain, no duilich a chnàmh ga thogail agus tha mòran *maoraich*, mòran *càil*, no mòran de bhiadh saillte gu sònruichte air an toirmeasg. Tha biadh trom an déigh trasgadh fada mar an céudna cronail. Tha fuachd 'us fluchadh ga thogail gu minic, agus gu h-àraidh suidhe le cosan fluch—nì a tha eunnartach aig gach àm.

Ach thar gach nì, tha salachar 's mosaiche anns na tighcan agus mu na dorsan a' togail a' ghalair so. Gach taobh a shiubhail e tha 'e tagbal far am bheil an t-uisge balbh—no luib, 'us uisge salach de sheòrs' air bith—far am bheil òtrach, no bréuntas air bith mu na tighean. Ann an aon fhocal, na nithean a tha 'togail fiabhruis 'us ghalaran eile, mar a tha droch chaithe-beatha, droch càramh, droch àile, 'us salachar mu'n phearsa, no mu'n tigh, tha iad a' togal a' ghalair so. Agus ma tha dhùth air daoine iadsan, no esan a sheachnad, féumaidh iad a bhi faicilleach, cùramach umpa féin. Féumaidh gach misgeir sgur d'a mhisg. Mar dean e so tha e cur làmh 'na bheatha féin, agus a' brosnachadh an Ti uile chumhachdaich.

Féumaidh daoine gach biadh a dh' fhaireas iad a mi-chordadh riuth a sheachnad; agus an uair a tha beagan de luibhean; mar a tha Buntàta, Tùirneip, no Curraín féumail aig gach àm, tha mòran diuhb cronail aig an àm so. 'S e, theagamh, an riaghailt is fearr mu'n chùis so, ge b'e biadh a tha duine 'cleachidadh, agus a tha làn-chordadh ris e leantuinn air; ach e ga ghabhail 'am measarrachd agus riaghailteach—gun trasg fada, agus gun anabarr a ghabhail aig aon tràth.

Tha e gu cinuteach féumail gu 'n caitheadh daoine *eudaichean co blàth* 's a dh' fheudas iad, agus tha càrainn, no *flannel* leth ris a' chraicionn, air a mholadh gu mòr.

Ach tha e thar tomhais féumail gu'm biodh daoine *glan* 'n am pearsa féin, agus 'n an tighean. 'So ni gu cinnteach is ion do na Gàedheil a thoirt fainear. Tha iomad aon 'n am measg naeñ cuir sruladh uisg' orra féin fad na seachdain; agus tha miltean aig am bheil dorsan a tha nàrach r'am faicinn. Tha tighean làn'smùir, 'us salachair, nach d' fhuaireann sguabadh no glanadh bho na chaidh a' cheud smùid anna; ach gach cùil, agus fo gach leabaidh, lan de sheana bhrògan us clòidh liath orra—de sheann lùraichean air leth ghrodadh—de threalaichean 's de mhosaiche de gach seòrsa. Tha iad ann 's nach d' fhosgladh uinneag, 's anus nach do shéid oiteag de àile fallain, *glan*, bho cheann bhliadhnaagan. Anns na h-Eileanan far am bheil am bàthaise 'am bitheantas fo'n aon druim ris an tigh-chòmhnuidh, agus gun a' chailbh a tha 'dealachadh nan daoine o'n spréidh ach ro thana, fosgailte—tha na báthaisean gu minic gun *ghlanadh*, gun chartadh, car cuig no sea mhiosan—bho dheireadh an fhogharaidh gu deireadh au earraich. Agus air tir-mòr co maith 'us anns na h-Eileanan, tha'n dùnan gu minic mar fhad slaite do'n dorus, agus tha lub-an-dùnain—lub gach béisdealachd—air uairibh a suas ris an stairsnich. Féumaidh daoine na nithean so atharrachadh, no cur a suas leis a' *Cholera*; oir tha iad anna so ga chuireadh—ga tharruing do'n ionnsuidh—direach a' sgaoileadh lin gu 'ghlacadh. Féumaidh iad gach cùil, 's gach toll a dheadh *ghlanadh*—gach seann droineach 's broineag a thilgeadh taobh a mach an tighe—na seann adaichean, 's na lùraichean a thoirt as na h-uinneagan, 's a' glrian 's a' ghaoth a leigeil a stigh. Féumaidh iad am bàthaise a chartadh gach latha—an dùnan a chur, far am bu choir dha daonnan a bhith, astar maith bho'n tigh, agus ruith a leigeil do gach lub, 'us clàbar mu'n dorus air dhoigh 's gu'm bi e tioram, seasgair, *glan* mu'n cuairt an tighe. Ma ni iad so tha dol as nas fearr aca o'n *Cholera*; agus *Cholera* ann no as bithidh tlac, 's toilintinn aca féin 'n an aitean-còmhnuidh nach 'eil 's nach bi aca 'm feadh 's a bhithseas iad làn gràinealachd mar a tha iad.

Tha so cunnas air na nithean sònruichte a tha air an iarraidh air daoine gus an galair so a sheachnadh. Tha aguinn a rithis scòlaidhean mu 'lcigheas far am bheil e a' tòiseachduinn; agus tha mòr aobhar taing aguinn ged a tha e a' gearradh a sìos euid gu'm bheil mòran a' tighin uaithe ma ghabhar cùram maith dhiubh 'na thràth. Is ann mar *ghearrthach* a tha e daonnan a' tòiseachduinn; agus tha e air a theann-sparradh air gach aon a dh' fhair'eas a bheag no mhòr de *ghearrthaich* air féin sàr chùram a ghabhail gun dàil. Tha na cungaidhean a's freagarraiche air an ainmeachadh-adh. Cha'n 'eil iad so r'am faghuinn a' h-uile latha 's a' Ghàedh-ealtachd; ach cha'n 'eil teagamh aguinn nach bi iad air an ullachadh arson dhaoine bochda, agus cuiridh, sinn a sios an ainmean a

chum 's gu'm feud duin' air bith a thogras cur air an son dha féin. *Opiate confection, 20 grains with two table spoonfuls of peppermint water.* Tha chungaидh so ri 'gabhlail an ceann a' h-uile tri, no ceithir a dh' uairean gus an stad a' ghearrthach. No cungaidh eile 'tha coltach rithe *Compound chalk mixture, one ounce, 10 or 15 grains of the aromatic confection, with 5 or 10 drops of Laudanum.* Tha iad so r'an gahhail 's an dòigh chéudna; ach féumar an aire thoirt nach toirear an urrad so do chloinn oig. Fòghnайдh leth na dh' ainmich sinn arson aois chuiig bliadhna deug, agus da réir sin do mhuinntir is òige.

Far nach ruig duine air na cungaidhcan so, ma tba e 'faireachduinn ni coltach ris a' *Cholera*, bu chòir dha a leaba 'thoirt air gun dàil—am pailteas eudaich a chur uime—nithean teithe, mar tha hotail le uisge goileach—salann air a theasachadh, no ni air hith de'n t-seorsa so a chur ri chosan, 'us ri 'dhruum—deochan teithe òl, agus beagan *Branndi* no fiona a ghabhlail ann an uisge teith—ann an aon fhocal, gach dòigh a ghnàthachadh air blàthas a chur air féin, agus fallas a chur dheth. Tba mòran a rinn mar so a fhuair cuiteas de'n ghalar ann an aon latha; ach 'n uair a ni duine mar so, is còir dha co luath 's a tha e a faireachduinn ni coltach ris a ghalar so ga bhualadh, fios a chur air lighiche gun dàil, Tha e féumail 's gach tinneas, 's gu sònruicte 's an tinneas so gahhail uime 'na thràth. "Leighisear ri uair nach leighisear ri Luain." Tha e air iarraidh air daoine gach cungaidh fluarraidh mar a tha *Salts* a sheachnad, agus mar an céudna gach biadh 'us deoch a tha géur 'am blas mar a tha *vinegar* 'us nithean coltach riutha.

Thug sinn mar so cunnas air na comhairlean 's air na seòlaidean a tha 'n "General Board of Health"—Luchd-coimbead na slàinte mar a dh' fheudar a ràdh riuth—a' toirt seachad. Cha d' fheuch sinn ri eadar-theangachadh mion a deanamh air an cainnt; oir so ni nach gahhadh deanamh gun a chùis fhàgail co dorcha 'sa hha i roimhe. Ach thug sinn an suim 's am hrigh do r luchd-léughaidh; agus tha dòchas aguinn gu'n toir daoine aire shònuicte dhoibh. 'S iad daoine misgeach—briste, breòite, bho aobhar air hith, agus a tha mi-chùramach mu'n tighin-beò 's mu'n tighean, a tha gu h-àraidh huailteach do'n *Cholera*; agus tha 'n t-àm acasan an aire thoirt dhoihh féin. Ach cha 'n urrainn duin' air bith a ràdh gu'm hi e saor. Féudaidh e an làidir co mathis ris an lag a bhualadh a sìos. Uime sin is ion do gach duine hhi cùramach mu shlainte na colla; ach os ceann nan uile hhi ro chùramach mu shlainte 'anama a chum 's ge be uair an tig an Teachdaire ga ghairm gu'm bi e air fhaotainn ullamh—gu'n teid e as o'n phlaigh shiorruith—o'n dara hàs.